

<b>AN DREUCHD</b>	Oifigear Leasachaidh nan Ealain Gàidhlig
<b>AN ROINN</b>	Leasachadh
<b>FO STIÙIR</b>	An Stiùiriche airson Leasachadh, Togail-airgid is nan Ealain
<b>AN TUARASTAL</b>	£30,723 - £34,494 pro-rata
<b>ÀITE-OBACH</b>	Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8RQ
<b>UAIREAN-OBACH</b>	17.5 uairean san t-seachdain
<b>ÙINE A' CHÙMHNAINT</b>	Cùmhnant airson Ùine Shuidhichte - 12 mìos

## ADHBHAR NA H-OBACH

Bidh Oifigear Leasachaidh nan Ealain Gàidhlig fo stiùir an Stiùiriche airson Leasachadh, Togail-airgid is nan Ealain, agus bidh iad ag ullachadh Ro-innleachd Ealain Sabhal Mòr Ostaig agus ga cur an gnìomh agus iad a' faighinn stiùireadh is comhairle a thaobh sin bho Bhuidheann Chomhairleachaidh nan Ealain aig Sabhal Mòr Ostaig. Am measg nan dleasan eile a bhios aca tha: a bhith a' conaltradh ri is a' togail cheanglaichean le buidhnean is luchd-solair eile a tha an sàs sna h-ealain Ghàidhlig aig ìre ionadail, roinneil, nàiseanta agus eadar-nàiseanta, agus iad a' togail air cliù Sabhal Mòr Ostaig agus air na tha sinn air coileanadh a thaobh nan ealain Gàidhlig.

## PRÌOMH DHLEASTANASAN

- Ag obair le Buidheann Chomhairleachaidh nan Ealain aig Sabhal Mòr Ostaig gus Ro-innleachd Ealain ùr Sabhal Mòr Ostaig a dhealbh is a chur an gnìomh a rèir amasan Ro-innleachd Sabhal Mòr Ostaig.
- A' toirt taic do na h-ealain Ghàidhlig agus luchd-ealain le Gàidhlig gus barrachd adhartais a dhèanamh sna h-ealain Ghàidhlig a rèir amasan Ro-innleachd Sabhal Mòr Ostaig.
- A' cur taic ri cothroman airson luchd-ealain air mhuinntireas aig Sabhal Mòr Ostaig agus a' stiùireadh obair co-cheangailte ri leithid a chothroman, mar eisimpleir Sgoilearachd Jon Schueler.
- A' cur nan ro-innleachdan a th' ann mu thràth an sàs agus a' togail orra agus air dileab nan ealain anns a' Cholaiste.
- A' togail airgead gus an gabh pròiseactan a thoirt gu buil, mar phàirt dhe seo bithear ag ullachadh iarrtasan airson Alba Chruthachail, An Crannchur Nàiseanta, agus buidhnean maoineachaidh eile.
- A' co-òrdanachadh thachartasan is phròiseactan ealain ann an com-pàirt ri co-obraichean aig Sabhal Mòr Ostaig.
- Ag obair còmhla ri buidhnean ealain eile san sgìre leithid Seall, Atlas Arts, Fèis an Eilein, Fèisean nan Gàidheal, Tobar an Dualchais agus sgoiltean ionadail agus luchd-compàirt nàiseanta, mar eisimpleir, Glaschu Beò, RSA is RCS.

- Ag ullachadh aithisgean is mholaidhean mar a dh'fheumar do luchd-maoineachaidh is luchd-compàirt nam pròiseactan.
- A' dèanamh rannsachadh is sgrùdadh air cothroman gus teachd-a-steach a chruthachadh.
- A' cruthachadh ìomhaigh làidir airson ealain Sabhal Mòr Ostaig air na meadhanan sòisealta, agus thu ag obair ann an co-bhuinn ris an sgioba mhargaidheachd is conaltraidh.
- A' cumail rian air Cruinneachadh nan Ealain Lèirsinne aig Sabhal Mòr Ostaig.
- Dleastanasan reusanta sam bith eile a thèid aontachadh le Buidheann Chomhairleachaidh nan Ealain aig Sabhal Mòr Ostaig.

### Comasan an neach-obrach

	<b>Comasan/teisteanasan riatanach</b>	<b>Comasan/teisteanasan a bhiodh nam buannachd</b>	<b>Modhan-measaidh - Foirm-iarrtais no Agallamh</b>
Teisteanasan is trèanadh proifeiseanta no dreuchdail	Foghlam gu ìre ceuma no gu ìre a tha ionann ri sin		Foirm-iarrtais
Sgilean	<p>Fileanta ann an Gàidhlig ga bruidhinn is ga sgrìobhadh</p> <p>Ùidh agad ann agus eòlas air na h-Ealain Ghàidhlig</p> <p>Sàr sgilean conaltraidh</p> <p>Sàr sgilean eagrachaidh agus thèid agad air deagh fheum a dhèanamh dhe do chuid ùine</p> <p>Math air a bhith ag obair air do cheann fhèin, gun feum air stiùireadh fad an t-siubhail</p> <p>Math air a bhith ag obair ann an sgioba</p> <p>Eòlas bunaiteach air IT agus teicneòlas didseatach is na meadhanan sòisealta</p>		<p>Foirm-iarrtais agus Agallamh</p> <p>Foirm-iarrtais agus Agallamh</p> <p>Agallamh</p> <p>Agallamh</p> <p>Agallamh</p> <p>Agallamh</p> <p>Foirm-iarrtais agus Agallamh</p>

	Sgilean matha a thaobh a bhith a' stiùireadh phròiseactan agus a thaobh obair gus sanasachd a dhèanamh air nithean		Foirm-iarrtais agus Agallamh
Eòlas		Eòlas obrach a choisinn thu roimhe an lùib stiùireadh is rianachd nan ealain, maoinachadh agus a bhith a' stiùireadh buidseat	Foirm-iarrtais agus Agallamh

### Uairean gach Seachdain

17.5 uairean san t-seachdain

### Làithean-saora gach Bliadhna

17.5 làithean gach bliadhna a' gabhail a-steach làithean-saora poblach (stèidhichte 35 làithean sa bhliadhna a gheibheadh neach-obrach làn-thìde).

### Tuarastal:

£30,723 - £34,494 gach bliadhna (pro rata), a rèir eòlais.

### Ùine a' chùmhnaidh:

Ri linn maoinachadh, 's e cùmhnaidh airson ùine shuidhichte a tha seo airson 12 mìos.

### Àite-obrach

'S e as fheàrr gum bi thu ag obair aig a' Cholaiste ann an Slèite, no faisg oirre. Ge-tà, tha sinn deònach beachdachadh air iarrtasan bho dhaoine a tha airson a bhith ag obair air astar agus iad deònach siubhal dhan cholaiste bho àm gu àm.

Tha sgeama peinnsein aig Sabhal Mòr Ostaig anns am faod a h-uile neach-obrach pàirt a ghabhail.

Gus luchd-obrach a chuideachadh le bhith a' coileanadh sàr ìrean obrach, a' comharrachadh fheumalachdan trèanaidh agus a' toirt leasachadh air na sgilean is comasan aca fhèin, gheibh a h-uile neach-obrach measadh-obrach bliadhnail a nì iad còmhla ris a' mhanaidsear aca.

**Bidh Sabhal Mòr Ostaig a' dèanamh gach oidhirp gus do chuideachadh le bhith a' toirt leasachadh air na sgilean Gàidhlig agad agus thèid diofar chothroman ionnsachaidh a thabhann dhut airson sin.**